

# MUSIC

## *Cape Breton's Diversity in Unity*

---

### *Fuadach Nan Gàidheal*

1. Gur e mise tha tùrsach,  
A' caoidh cor na dùthcha,  
'S nan seann daoine cùiseil  
Bha cliùiteach is treun;  
Rinn uachdarain am fuadach  
Gu fada null thar chuantan,  
Am fearann ga thoirt bhuapa  
'S thoirt suas dha na fèidh.

2. 'S e sud a' chulaidh-nàire,  
Bhith faicinn dhaoine làidir  
Gam fuadach thar sàile  
Mar bhàrrlach gun fheum.  
'S am fonn a bha àlainn  
Chaidh chur fo chaoraich bhàna;  
Tha feanntagach 's a' ghàradh,  
'S an làrach fo fheur.

3. Far an robh mòran dhaoine  
Le 'm mnathan is le'n teaghlaich,  
Chan eil ach caoraich-mhaola  
Ri fhaotainn 'n an àit';  
Chan fhaicear air a' bhuailidh  
A' bhanarach le buaraich  
No idir an crodh guailfhionn  
'S am buachaile bàn.

4. Tha 'n uiseag anns na speuran  
A' seinn a luinneig ghleusda,  
'S gun neach a tha ga h-èisteachd,  
Nuair dh'èireas i àrd.  
Cha till, cha till na daoine,  
Bha cridheil agus aoigheil,  
Mar mholl air latha gaoithe,  
Chaidh 'n sgaoileadh gu bràth.

## Translation:

### *The Eviction of the Highlanders*

1. I am so sad  
Mourning for the state of the country  
And the old thrifty people  
Who were worthy and courageous.  
Landlords evicted them  
Far over the seas;  
Their lands were taken from them  
And given up to the deer.

2. That was a matter of shame,  
To see strong people  
Being evicted over the ocean  
Like useless debris;  
And the beautiful land  
Occupied by Cheviot sheep.  
There are nettles in the garden  
And the ruins covered with grass.

3. Where there were many men  
With their wives and families,  
There are only hornless sheep  
To be found in their place.  
You cannot see in the cattle-fold  
The milkmaid with her fetter,  
Or the white-shouldered cattle  
And the fair-haired herdsman.

4. The lark is in the skies  
Singing her tuneful song,  
With no one listening to her  
As she climbs higher.  
The people will never return, never return,  
Who were hearty and genial;  
Like chaff on a windy day  
They were dispersed for ever.

### *Recording:*

[Fuadach Nan Gàidheal](#). Ross MacDonald. T-3033 (D.J. MacDermaid Collection). Beaton Institute, Cape Breton University.